



TOGAIL AGUS CLEACHDADH

Ceistean Bitheanta

Cò dh'fhaodas iarrtas a chur a-steach?

Faodaidh buidhnean coimhearsnachd le bun-stèidh, companaidhean earranta, co-chomainn no com-pàirteachais, tagradh a chur a-steach airson taic-airgid Togail is Cleachdadh. Cha ghabhar iarrtasan bho luchd-malairt neo-eisimeil no bho bhuidhnean gun bhun-stèidh agus cunntas banca. Mur a bheilear cinnteach gu bheil am pròiseact agaibh freagarrach air an sgeama seo cuiribh fios chun na h-Oifigear Thabhartasan aig Bòrd na Gàidhlig.

Dè seòrsa pròiseact a tha freagarrach airson taic-airgid fhaighinn?

Bidh pròiseactan a tha a' coileanadh slatan-tomhais togail agus cleachdadh na Gàidhlig anns an **dachaigh** agus/no am measg **na h-òigridh**, aois 12 – 24 bliadhna, a' freagairt air a' mhaoin seo.

Am feum Gàidhlig a bhith an lùib a' phròiseict seo?

Feumaidh a' Ghàidhlig a bhith aig cridhe gach pròiseact a tha a' sireadh taic-airgid. Tha e deatamach gum bi gach pròiseact a gheibh taic ag amas air àrdachadh togail agus cleachdadh a' Ghàidhlig anns an **dachaigh** agus am measg **na h-òigridh**.

Dè an ceangal a tha eadar Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus taic-airgid Togail agus Cleachdadh?

Tha dlùth cheangal aig an taic-airgid seo ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig, is **togail cànan san dachaigh** agus **cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan** nam prìomhachasan anns a' Phlana Nàiseanta. Thathar a' moladh do thagraichean stiùireadh fhaighinn bhon Phlana Nàiseanta mus cuir iad iarrtas a-steach airson taic-airgid Togail agus Cleachdadh. Gheibhear lethbhreac de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig air làrach-lìn a' Bhùird www.bord-na-gaidhlig.org.uk.

Dè an tabhartas as motha a tha ri fhaighinn?

'S e £2,500 an tabhartas taic-airgid as àirde a tha ri fhaighinn airson gach pròiseact. Feumaidh taic-airgid a thèid aontachadh bho mhaoin Togail is Cleachdadh a chosg gu beagnaich ro 31 Màrt 2008.

Cuin a dh'fheumas iarrtasan a bhith a-staigh?

Feumaidh tagraidhean a bhith aig a' Bhòrd ro 10 Dùbhlachd 2007.

Am bi cothrom eile ann iarrtas a chur a-steach don sgeama seo?

Seo an aon chothrom a bhios ann air a' mhaoin seo anns a' bhliadhna ionmhais 2007-08.

Cuin a gheibhear freagairt air iarrtas?

Thèid fios anns a' phost gu tagraichean ro 21 Dùbhlachd 2007, a dh'innse dhaibh an robh an iarrtas aca soirbheachail.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig www.bord-na-gaidhlig.org.uk no bho oifis a' Bhùird:

Oifigear Thabhartasan
Bòrd na Gàidhlig
Darach
Fèith nan Clach
Inbhir Nis
IV2 7PA

Fòn: 01463 225454
Facs: 01463 716217
Post-dealain: tabhartas@bng.org.uk